

**CIHM  
Microfiche  
Series  
(Monographs)**

**ICMH  
Collection de  
microfiches  
(monographies)**



**Canadian Institute for Historical Microreproductions / Institut canadien de microreproductions historiques**

**© 1996**

## Technical and Bibliographic Notes / Notes technique et bibliographiques

The Institute has attempted to obtain the best original copy available for filming. Features of this copy which may be bibliographically unique, which may alter any of the images in the reproduction, or which may significantly change the usual method of filming are checked below.

- Coloured covers / Couverture de couleur
- Covers damaged / Couverture endommagée
- Covers restored and/or laminated / Couverture restaurée et/ou pelliculée
- Cover title missing / Le titre de couverture manque
- Coloured maps / Cartes géographiques en couleur
- Coloured ink (i.e. other than blue or black) / Encre de couleur (i.e. autre que bleue ou noire)
- Coloured plates and/or illustrations / Planches et/ou illustrations en couleur
- Bound with other material / Relié avec d'autres documents
- Only edition available / Seule édition disponible
- Tight binding may cause shadows or distortion along interior margin / La reliure serrée peut causer de l'ombre ou de la distorsion le long de la marge intérieure.
- Blank leaves added during restorations may appear within the text. Whenever possible, these have been omitted from filming / Il se peut que certaines pages blanches ajoutées lors d'une restauration apparaissent dans le texte, mais, lorsque cela était possible, ces pages n'ont pas été filmées.
- Additional comments / Commentaires supplémentaires:

L'Institut a microfilmé le meilleur exemplaire qu'il lui a été possible de se procurer. Les détails de cet exemplaire qui sont peut-être uniques du point de vue bibliographique, qui peuvent modifier une image reproduite, ou qui peuvent exiger une modifications dans la méthode normale de filmage sont indiqués ci-dessous.

- Coloured pages / Pages de couleur
- Pages damaged / Pages endommagées
- Pages restored and/or laminated / Pages restaurées et/ou pelliculées
- Pages discoloured, stained or foxed / Pages décolorées, tachetées ou piquées
- Pages detached / Pages détachées
- Showthrough / Transparence
- Quality of print varies / Qualité inégale de l'impression
- Includes supplementary material / Comprend du matériel supplémentaire
- Pages wholly or partially obscured by errata slips, tissues, etc., have been refilmed to ensure the best possible image / Les pages totalement ou partiellement obscurcies par un feuillet d'errata, une pelure, etc., ont été filmées à nouveau de façon à obtenir la meilleure image possible.
- Opposing pages with varying colouration or discolourations are filmed twice to ensure the best possible image / Les pages s'opposant ayant des colorations variables ou des décolorations sont filmées deux fois afin d'obtenir la meilleure image possible.

This item is filmed at the reduction ratio checked below /  
Ce document est filmé au taux de réduction indiqué ci-dessous.

	10X		14X		18X		22X		26X		30X
							<input checked="" type="checkbox"/>				
	12X		16X		20X		24X		28X		32X

The copy filmed here has been reproduced thanks to the generosity of:



Bibliothèque nationale du Québec

The images appearing here are the best quality possible considering the condition and legibility of the original copy and in keeping with the filming contract specifications.

Original copies in printed paper covers are filmed beginning with the front cover and ending on the last page with a printed or illustrated impression, or the back cover when appropriate. All other original copies are filmed beginning on the first page with a printed or illustrated impression, and ending on the last page with a printed or illustrated impression.

The last recorded frame on each microfiche sheet contains the symbol  $\rightarrow$  (meaning "CONTINUED"), or the symbol  $\nabla$  (meaning "END"), whichever applies.

Maps, plates, charts, etc., may be filmed at different reduction ratios. Those too large to be entirely included in one exposure are filmed beginning in the upper left hand corner, left to right and top to bottom, as many frames as required. The following diagrams illustrate the method:



L'exemplaire filmé fut reproduit grâce à la générosité de:

Bibliothèque nationale du Québec

Les images suivantes ont été reproduites avec la plus grande soin, compte tenu de la condition et de la netteté de l'exemplaire filmé, et en conformité avec les conditions du contrat de filmage.

Les exemplaires originaux dont la couverture en papier est imprimée sont filmés en commençant par le premier feuillet et en terminant soit par le dernier page qui comporte une empreinte d'impression ou d'illustration, soit par la seconde page, selon la cas. Tous les autres exemplaires originaux sont filmés en commençant par la première page qui comporte une empreinte d'impression ou d'illustration et en terminant par la dernière page qui comporte une telle empreinte.

Un des symboles suivants apparaît sur la dernière image de chaque microfiche, selon le cas: le symbole  $\rightarrow$  signifie "A SUIVRE", le symbole  $\nabla$  signifie "FIN".

Les cartes, planches, tableaux, etc., peuvent être filmés à des taux de réduction différents. Lorsque le document est trop grand pour être reproduit en un seul cliché, il est filmé à partir de l'angle supérieur gauche, de gauche à droite, et de haut en bas, en prenant le nombre d'images nécessaire. Les diagrammes suivants illustrent la méthode.

# MICROCOPY RESOLUTION TEST CHART

(ANSI and ISO TEST CHART No. 2)



1.5

1.6

1.8

2.0

2.2

2.5

2.8

3.2

3.6

4.0

4.5

5.0

5.6

6.3

7.1

8.0

9.0

10.0

11.2

12.5

14.3

16.0



APPLIED IMAGE Inc

1653 East Main Street  
Rochester, New York 14609 USA  
(716) 482 - 0300 - Phone  
(716) 288 - 5989 - Fax

491.63

F862c



ANAIN

AGUS CLIU

AR



SINNSEAREAN.



LASDAIR FRISEAL.






ANAIN

AGUS CLIU

AR  INNSEAREAN.



LASDAIR FRISEAL.






## NOTE.

THE following words were spoken at the first Gathering of the Clan MacDonald Society of Canada, on Dominion Day (1st July) 1901, at Alexandria, County of Glengarry, Canada, and are republished from the press reports of the proceedings, on the suggestion of a few friends who believe it to be the bounden duty of every Highlander to work unceasingly for the preservation of the language of the Gael.

ALEXANDER FRASER.


Toronto, 15th July, 1901.





"Ri smaointean air àbhaich  
nan làithean a dh'aoim."

Is mi, le mo speis,  
Alasdair Spiseal,





[Oraid a bha air a labhairt le Alasdair Friseal, Toronto, aig ceud chruinneachadh Comunn Chlann Domhnuill, air a cheud la do mhios deireanach an t-samhraidh, aig baile Alexandria, siorramachd Ghlinne-Garaidh, Canada.]



—  
SHAIR riaghladair, agus a mhnathan 'sa dhaoin'-uaisle: Tha mi 'ga mheas mar aon de na sochairean a's mo a bhuilich mo luchdduthcha a'n Canada

orm fhathasd cuireadh fhaotainn a bhi comhladh ribh a'n so an diugh, aig a cho-chruinneachadh mor, eireachdail so do Chomunn Chlann Domhnuill. Cha'n urrainn mi a chur an ceill duibh, ann am briathran freagarach, an toilinntinn a tha e a toirt dhomh a bhi maille ri'm luchd-duthcha a'n so, aig ceud chruinneachadh bhliadhnail a chomuinn so, 'sa bhi 'g amharc air gnuis aoidheal Ghaidheal Ghlinne-Garaidh, muinntir a tha ainmeil mar fhior Ghaidheil air feadh

na tire so fein agus air feadh Gaidhealtachd na h-Alba. Fodh thearman Chlann Domhnuill tha'n domhlachadh sluaigh ag coinneachadh an diugh, agus ma tha aon de na fineachan Gaidhealach thar aon eile a choisinn cliu ann an Canada, is i fine nan Domhnullach. Ach, mar thuirt am bard—"Is brath'rean sinn uile, far dhomhsa do lamh,"—tha sinn a'n so mar Ghaidheil, 's gu sonraichte mar Ghaidheil Ghlinne-Garaidh, gu bhi 'g earalachadh 's gu bhi 'brosnachadh each a cheile, gu bhi cumail suas gnathan, cleachdaidhean, agus cliu ar sinnsearan-gu h-araidh an cliu.

Sheilbhich sinn mar shluagh dileaban do-luachmhor bho ar n-athraichean—creideamh, treibhdhireas, ionracas, dilseachd, maise nadair, baigh, beusalachd, fiadh-laidheachd, agus iomadh buadh eile, agus is e an soitheach oir anns am bheil na subhailcean sin taisgte suas, teangadh ghlan, mhilis ar n-athraichean. B'e la muldach, mi-chiatach do na Gaidheil a bhiodh ann, na'm faigheadh a Ghaidhlig bas:—la dubh, bronach, anns an rachadh an tiodhlac is prìs'le a fhuair sinn bho ar mathraichean, 's ar n-athraichean seachad gu brath.

Mo luchd-duthcha,—tha mi fa' r comhair an diugh le da theachdaireachd mhor— air an aon laimh, *cumaibh beo canain ar mathar*; air an laimh eile, *cumaibh suas cliu ar sinn-searean*. 'Nuair a theasdas a Ghaidhlig tuitidh coran g'foirmhor a Ghaidheil o a cheann; dubhar a mach bonn-chomharradh ar sluaigh o chlar-eachdraidh an t-saoghail; cuiridh an crann giuthais a mach a mhean-glan, agus fosglaidh am fraoch a dhitheanan gucagach, dearg-gheal, air beanntaibh na h-Alba, mar bu nos—cha chaochail, iadsan oir ta iad a' leantainn gnathais shiorraidh nadair; ach, mo thruaighe! cha bhi an giuthas 's an la muldach sin tuille mar shuaicheantas aig Clann Ailpein, no'm fraoch tuille mar shuaicheantas aig Clann Domhmuill, oir a dh'easbhaidh an canain aosda sin a "labhair Adhamh ann am Paras fein" c'aite 'm biodh clanna nan Gaidheal? Cha bhiodh iad air am factainn air feadh cinnich an t-saoghail. Nach eil dearbhadh againn air a so 'n ar tir fein? Air gach taobh amhainn mhor St. Lawrence, fodh bhaile Chuibec, tha Domhnullaich, Frisealaich, geugan de Chlann Mhic

Illebhraighe, Mhic-an-Toisich, Mhic-Coinnich,  
Mhic Illeathain, Rothaich agus Rosaich  
agus muinntir air an sloinneadh air clanna  
Gaidhealach eile; ginealaich nan Gaidheal a  
thainig do Chanada mu cheud gu leth bliadh-  
na roimhe so. Tha na h-ainmean ann an  
sin, ach an iad Gaidheil a tha 'g an giulan?  
Loire cha'n iad, ach muinntir a thionndaidh gu  
bhi nam Frangaich, 'nan canain, 'nan cleachd-  
aidhean, 'nan creideamh, agus 'nan cridh-  
eachan! Cha'n eil fada o'n thuirt an t-  
Uasal Iain Ros, neach a bha a reir beachd  
iomadh seanachaidh 'na oighre air Iarlachd  
Rois, gu'm bu mho leis a bhi 'na bhall Parla-  
maid Fhrangach a'n Canada, na ged a bhiodh  
e 'na mhorair mor am measg Ghaidheal Alba.  
Mar sin tha smaointean iomadh fear a tha  
air a thruailleadh le gradh an t-saoghail, agus  
cha'n eil dol as bho'n cho-dhunadh so, gur  
ann mar sin a bhitheas deireadh ar gineil-ne,  
'n uair a chromas a Ghaidhlig a ceann aosda,  
urramach, liath, 'sa bheir i suas an deo. Cha'n  
fhag i 'n a deigh sluagh ris an abrar na Gaidh-  
eil, oir bithidh na ginealaichean a leanas

sinn air an slugadh suas ann an cuan marbhtach di-chuimhne an t'saoghail.

Ach, an eigin d'a sin tachairt? A bheil cor na Gaidhlig cho cruaidh, mi-dhochasach ri so? Tha e duilich na ceisdean sin a fhreagairt. Na'n eireadh na Gaidheil mar bu choir dhaibh cha bhiodh teagamh 'sa chuis. Tha e fathasd 'n an lamhan fein buaidh mhath a thoirt mu'n cuairt. A bheil sinne, a bheil na Gaidheil air fad, a' deanadh na fhaodadh iad, 's na bu choir dhoibh 's a c'nuis? Feumar aideachadh le bron, le dubh-bhron nach eil. Ann an iomadh teaghlach cha 'n eil a bheag sam bith air a dheanadh gu bhi faotainn eolas air a Ghaidhlig. Nach narach an ni so? An iongantach ged a bhiodh feaghainn againn air ar cràdh mu'n chul-shleamhnachadh so? Tha mi guidhe oirbh cluas fhosgailte a thabhairt do na briathran so, agus aithreachas a ghabhail mu'm bi e ro anmoch. Tha mi 'sgaoileadh bratach bhudhail na Gaidhlig a mach fa'r comhair air an lath' a'n diugh; tha mi tilgeadh a srolaichean fosgailte air a ghaoth; tha mi 'cur mar fhiachan oirbh, a dhaoine 's

a mhnathan Ghlinne-Garaidh,—clann nan  
sonn, ginealach nan daoine iomraiteach o'n  
d'thainig sibh! nach gabh sibh fois, 's nach  
failnich sibh, gus an giulain sibh a bhratach  
so gu buaidh mhaireannach, steidheachail,  
shiorraidh!

Am bi e ri innseadh gu'n d'fhagadh do  
Ghaidheil ar lath-ne an coir-bhreith a reic  
airson airgid? airson fois shiochail an t-saogh-  
ail? airson oir eucoireach nam marsantan?  
no gu'n do bhrathadh an cainnt an los sgeig  
an t-Sassunaich? An ni beag e dhuinne a  
bhi cho mi-dhleasnach, ri so? A chlann nan  
Gaidheal! thoireamaid an deagh aire nach  
coisinn sinn a bhi 'n ar cuis-mhagaidh, 's nar  
cuis-naire do na ginealaich a thig 'n ar deigh.  
Bitheamaid dileas d'ar canain an diugh, teag-  
asgamaid i d'ar clann agus thugamaid sios  
dhaibhsan i mar a fhuair sinn fein i, glan neo  
thruaillte, bho'r n-athraichean.

Facal no dha, a nis mu *chliu ar sinnsre*.  
Cha'n ann mu Chonn Cheud-chathach no mu  
Cholla, no mu Shomhairle, no mu na baird,  
no na fir-chogaidh threun a bhuineadh do  
Chlann Domhnuill a bu mhiann leam labh-

airt aig an am so. Tha an eachdraidh-san sgrìobhta ann am bardachd ar tìr, 's bithidh eolas orra fhad 's a labhras agus a leughas daoine a Ghaidhlig. Ach aig cridhe na siorramachd Ghaidhealach so, far a bheil mi am sheasamh an diugh, bu mhath leam labhairt air ar n-athraichean 's ar mathraichean a thuinnich ann an Canada. B'e saighdearan Gaidhealach a choisinn Canada do chrùn Bhreatainn, ann an 1759. Dhion claidheamhan Gaidhealach an tìr ann an 1812, 's a rithisd ann an 1837, 1866 agus ann an 1884. Cha'n eil seargadh air gaisge ar luchd duthcha ; tha iad 'n am fìr chogaidh mar bu dual. Ach mur thuirtear am bard :

“Cha bu ghaisgeach Alasdair mor,  
No Cesar thug an Roimh gu geill.

. . . . .  
“Ach's gaisgeach esan a bheir buaidh  
Air eagal beatha, 's uamhunn bàis,  
'S a chomh'laicheas le misnich cridh,  
Na h-uile ni a ta dha'n dàn.”

Ged is cliuiteach eachdraidh ar saighdearan, tha e ro iomchaidh gu 'm biodh sinn

a' cur urram air na daoine a dh'fhag an dachaidhean 's a Ghaidhealtachd 'sa thainig a steach do'n choille dhumhail, dhorch, ann an Canada, 'sa dh'fhosgail an duthaich so do'n t-saoghal. Is beag gur urrainn duinne a thuigsinn meud na h-oibre a ghabh iad os laimh, ann a bhi reiteachadh an fhearainn agus a' steidheachadh 'na duthcha air buna-char a sheasas re na linntean. Bu chruaidh suidheachadh na mor chuid diubh; cha robh aileas 'n an dachaidhean, cha robh riomhachas mu'n cuairt daibh. Ach bha cridheachan misneachail 'n an com, bha an gairdeanan laidir, bha gochas a' stiuireadh an ceuman agus cha b' eagal gu 'n geilleadh na laoi. Tha an saothair follaiseach a'n so, an diugh. Thugaibh fainear na raointean trom, toirbheartach leis a bheil sinn air ar cuairteachadh—fearainn cho briagh 's air a bheil grian throcaireach an Fhreasdail a leigeadh a gathanaibh blath; 's iad sin na raointean, 's iad sin na dachaidhean a dh'fhag bhur n-athraichean dhuibhsan gu 'n seilbheachadh. Is tric a tha sibh 'seinn orain na seann duthcha : Mu'n

Eilean Mhuileach, an t-eilean aghor  
An t-eilean grianach, mu'n iadh an saile."

Agus orain air, "Eilean uaine Ile," "Ile'n  
fheoir," "far an biodh na h-uaislean coir"  
Cha'n fhaca sibh Lochabar feurach, no  
Gaidhealtachd na h-Alba riamh. B'ann an  
sin a rugadh mise, agus gu la mo bhàis cha  
chrion mo ghradh do thir mo bhreith 's mo  
shinnsre.

"Is toigh leam a Ghaidhealtachd, is toigh leam  
gach gleann,  
Gach eas agus coire a'n duthaich nam beann."

Ach ged is fìor da rìreadh sin, tha mi ag innse  
dhuibhse a'n so, an diugh, nach fhaca mi  
riamh, a'n Albainn no'n Sassunn, machraich-  
eann ni's briagha, beartaiche, ni's tarbhaiche,  
ni's sgiamhaiche na na machraichean a bhuinig  
bhur n-athraichean a mach as na lointean, 'sna  
coilltean, 's a dh'fhag iad agaibhse mar sheilbh.  
Cumaibh, ma ta suas an cuimhneachan 'san  
ainm, 'san cliu. Togaibh carn-cuimhne, ann  
bhur cridheachan air an sgath; agus biodh an  
euchdan air an sgrìobhadh ann an eachdraidh  
na tìre. Leanaibh gu dlu'n an ceumanaibh.

BIBLIOTHECA  
15  
SANTO SPIRITO

aidichibh gur ann bhuatha a thainig sibh 's  
gur priosail leibh an cliu.

An da ni so. *Cliu agus canain ar sluaigh.*  
Na tigeadh an la anns am bi iad air an cur  
air chul.

"Is toigh leam a Ghaidhlig a bardachd 's a  
ceol

Is tric thug i nics sinn 'nuair bhiomaid fo  
leoin

'Si dh'ionnsaich sinn tra ann an laithean ar  
'n oig

'Snach fag sinn gu brath gus an laidh sinn  
fo'n fhoid."







